

Foillsichearan agus Sgrìobhadairean na h-Alba Ltd

(A' riochdachadh nam buidhnean seo: Clàr, Clann Tuiric, Clò Chràbhaig,
Dùn Eisein, Leabhraichean Beaga, Spors)

Dreach Plana Nàiseanta na h-Alba

As leth FASA tha mi a' sgrìobhadh gus na beachdan againn a thoirt dhuibh. Bu toigh leam a ràdh sa chiad dol a-mach gu bheil sinn glè thoilichte am plana fhaicinn agus tha sinn an dòchas gun dèan e diofar mòr tro ùine.

'S e prìomh amasan FhASA foillsichearan Gàidhlig a riochdachadh is a bhrosnachadh, agus sgrìobhadh is leughadh a bhrosnachadh san fharsaingeachd. Tha ùidh aig ar buill ann am foillseachadh dhen h-uile seòrsa – chan e dìreach foillseachadh air pàipear a-mhàin ach cuideachd anns na meadhanan eile, agus chan e litreachas 'ealanta' a-mhàin. Tha sinn a' creidsinn gu bheil foillseachadh air leth cudromach don Ghàidhlig, oir, ma tha cànan sam bith a' dol a dh'fhàs, feumaidh i fàs anns a h-uile raon – cànan labhairt, leughte agus sgrìobhte.

A thaobh **lèirsinn** a' Phlana, bidh FASA toilichte co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig gus am Plana a thoirt gu buil agus ìomhaigh na Gàidhlig a leudachadh agus a leasachadh.

Puingean sònraichte:

(1) Tha tòrr anns an aithisg a tha gu math cudromach ach, on a tha e car fada, 's dòcha gum biodh bileag ghoirid le na puingean as cudromaiche cuideachail.

(2) Chan eil e soilleir dè bhios Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh a thaobh lìbhrigeadh a' Phlana, dè na gnìomhan sònraichte a bhios aig a' Bhòrd. Ciamar a bhios na buidhnean a tha ainmichte gu bhith a' toirt seachad poileasaidh a' Phlana? Bu chòir dha a bhith na bu shoilleire dè an dreuchd a bhios aig a' Bhòrd agus na Prìomh Bhuidhnean, agus na bhios aig na buidhnean nas lugha ri a chur dhan Phlana. Am bi am Bòrd a' toirt stiùireadh dha na buidhnean air dè na rudan bu chudromaiche bu chòir dhaibh feuchainn ri dhèanamh?

(3) Ciamar a bhios na buidhnean ainmichte a' dèanamh na tha a dhìth às aonais taic-airgid?

(4) Tha e riatanach gu bheil am Plana a' neartachadh cho cudromach 's a tha sgrìobhadh is foillseachadh dhan chultar is dhan chànan. Tha litreachas a' beathachadh inntinnean òga is seana, 's a' toirt cothrom an cultar a thuigsinn agus a neartachadh. Às aonais brosnachaidh is taic tha e doirbh a chreidsinn gum bi sgrìobhadairean gu leòr ri fhaighinn gus am Plana a thoirt gu buil gu h-èifeachdach

Tha am Plana gun teagamh a' dèanamh mholaidhean a chuidicheas san fharsaingeachd. Ach a bheil na beachdan mionaideach gu leòr? Dè na ceuman sònraichte a tha feumach gus am Plana a thoirt gu buil? Mar eisimpleir:

Duilleag 4: “...a’ cur air adhart roi-innleachd a tha airson....adhartachadh a dhèanamh air togail a’ chànain, agus leis an sin com-pàirteachadh ann an cultar a’ chànain dha gach neach.” Ciamar a thachras seo às aonais barrachd litreachais agus trèanaidh is stiùiridh airson luchd-sgrìobhaidh?

Duilleag 12: “Tha planadh cànan ag amas air pàrantan agus buill-teaghlaich eile a bhrosnachadh gus Gàidhlig a bhruidhinn còmhla. Tha seo air leth riatanach le cloinn òig a tha a’ tòiseachadh ri sgilean labhairt is **leughaidh** a leasachadh.” Tha sinn dhen bheachd gum bu chòir rudeigin mar seo a chur ris: “Bu chòir deagh thaghadh de stuth-leughaidh a bhith ri fhaighinn gus na sgilean leughaidh aig pàrantan is cloinn a neartachadh san dachaigh.”

Duilleag 15: Feumaidh rudeigin a bhith an seo a chanas, “Bu chòir litreachas a bhith ri fhaighinn a bhios tarraingeach do dhaoine òga eadar 16-24 bliadhna a dh’aois.” Tha feum air barrachd ùghdaran a bhios a’ sgrìobhadh airson na h-aois seo.

Duilleag 32: Tha sinn toilichte na faclan seo fhaicinn: “Leudachadh air ruigse stuth leughaidh Gàidhlig mar chur-seachad.” Bu mhath leinn rudeigin a bharrachd fhaicinn mu dheidhinn brosnachaidh agus trèanaidh airson ùghdaran gus ficsean a sgrìobhadh airson a h-uile aois. M.e. an cùrsa ‘Sgrìobhadh le Macmeanma’ aig Màrtainn Mac an t-Saoir, sgrìobhadair-còmhnaidh Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu.

Duilleag 33: Tha sinn toilichte na faclan seo fhaicinn: “Trèanadh anns gach raon Gàidhlig de na h-ealain am measg luchd-cleachdaidh agus feadhainn aig a bheil comas.”

Duilleagan 37 & 38: Deagh bheachdan an seo. Tha FASA an dòchas gun tèid taic-airgid agus rannsachadh a thoirt dhan phoileasaidh seo a tha cho cudromach do neartachadh na Gàidhlig san àm ri teachd.

A thaobh foillseachadh, tha mòran bheachdan aig FASA fhèin air dè dhèanadh feum, a bharrachd air na thuirt sinn gu h-àrd. Seo beagan dhiubh:

- i) Taic a thoirt do Chomhairle nan Leabhraichean gus am bi e nas fhasa dhaibh foillsichearan a chuideachadh agus gus am faigh iad cothrom “Central Distribution Centre” a stèidheachadh. Às aonais siostam reic èifeachdach, tha e gu math doirbh leabhraichean Gàidhlig a reic.
- ii) Sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean obrach a tha soirbheachail sa Chuimrigh gus an ionnsaich sinn bhuapa.
- iii) Clasaichean no buithean-obrach gus sgilean leughaidh a neartachadh do phàrantan agus do fhileantaich nach d’fhuair cothrom Gàidhlig a leughadh san sgoil.
- iv) Taic a thoirt do fhoillsichearan irisean agus coimicean fhoillseachadh a bharrachd air leabhraichean àbhaisteach.

’S cinnteach gum bi cuid dhe na buidhnean a th’ air an riochdachadh le FASA an-dràst airson a bhith an lùib nan oidhirpean ’s nam pròiseactan a thig sna bliadhnaichean ri tighinn. Tha gu leòr againn uile ri dhèanamh!

Gwen Bowie (Runaire FASA)